

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk * This is Litir 357. Note that Roddy also broadcasts a simplified version – An Litir Bheag – on Monday evenings at 7.00 pm. This is also available on the BBC website. Litir Bheag 53 corresponds to Litir 357.*

Tha mi a’ toirt sùil a bharrachd air an leabhar a chuir Seòras Chaluim Sheòrais nach maireann ri chèile. ’S e an t-ainm a th’ air *Muir is Tìr* agus chaidh fhoillseachadh ann an Steòrnabhagh le Acair. Bha Seòras à Beàrnaraigh, air taobh an iar Leòdhais. Tha mi a’ dol a leughadh pìos a sgrìobh e mu “Na Tonnan”: ***Tha meud nan tonn an crochadh air*** 1. neart na gaoithe; 2. dè an ùine a tha stoirm a’ leantainn; 3. dè an fharsaingeachd mara thairis air a bheil a’ ghaoth a’ siubhal.

Aon uair ’s gu bheil tonn air a chur air ghluasad, eadhon ann am fèath, imichidh i mìltean de mhìltean là às dèidh là. Mar a tha na tonnan a’ dol air adhart tha an àird aca a’ dol nas lugha, ach tha an fhaid aca (bho fìor mhullach aon tonn gu fìor mhullach na h-ath tè) a’ dol nas fhaide. Tha iad a’ dol nas luaithe ’s nas luaithe gus mu dheireadh gu bheil iad air thoiseach air an stoirm a chuir air ghluasad iad. Seo mar a tha droch mhuir na chomharra gu bheil droch thìde a’ tighinn. Muir a’ fàs dona an toiseach, ’s an stoirm a’ tighinn ***air a shàil***.

Bidh a’ mhòr-chuid eòlach air sin mu thràth, ’s dòcha. Ach tha an t-uabhas fiosrachaidh anns an leabhar nach fhaighte ann an àite sam bith eile, cha mhòr. Mar eisimpleir, seo tòimhseachan dhuibh, stèidhichte air fiosrachadh san leabhar: *Tha sibh a’ lorg rudeigin air grunn na mara. Air an rud tha na pìosan a leanas: crùn, gàirdean, fiacail, bas, amhach, gob, calpa, stoc, gualann, fàinne, ciabhag agus dealg na ciabhaig. Dè th’ anns an rud air grunn na mara?*

Uill, cha chuireadh e iongnadh orm nan canadh sibh, “duine”, oir nach ann air duine a lorgar gàirdean, fiacail, amhach, calpa is mar sin air adhart? ’S ann, gun teagamh, ach chan e duine a th’ ann. ’S e *acair* a th’ ann. Acair. Chan e companaidh foillseachaidh, tuigidh sibh, ach an rud a cheanglas bàta ri grunn na mara agus a chumas san aon àite i.

Tha measgachadh anns an leabhar de rudan traidiseanta a bhuineadh don Ghàidhealtachd agus gnothaichean eadar-nàiseanta air am bi iasgairean is maraichean eòlach. A bheil sibh fhèin eòlach air na seòrsaichean sgòthan a chithear anns an adhar? Tha mi a’ dol a thoirt tuairisgeul dhuibh de thrì. Feuchaibh ri dèanamh a-mach dè na trì a th’ ann. 1. Sgòthan glè àrd. Tha iad geal mìn-shìodach mar itean. Sgòthan glè àrd. Tha iad geal mìn-shìodach mar itean. ’S e sin *cirrus*. 2. Sgòthan meadhanach àrd. Tha iad cnapach cruinn, sgapte air feadh an adhair. Sgòthan meadhanach àrd. Tha iad cnapach cruinn, sgapte air feadh an adhair. ’S e sin *alto-cumulus*. 3. Sgòthan ìosal. Tha iad mar chlàimh canaich le bonn còmhnard agus mullaich chruinn. ’S e sin *cumulus*.

Agus dè tha anns a' chumantas eadar na tachartasan seo? Cearcan a' rèiteachadh an itean is geòidh fhiadhaich ag itealaich chun a' mhonaidh. Tha iad le chèile ag innse gu bheil droch shìde air an rathad. Agus dè mu dheidhinn seo mar chomharra de dh'aimsir nan eilean? *Deàlradh na maidne: The too brilliant sunny morning, foretelling showers and rain(!)* Chan eil math dhuinn a bhith cus ro dhòchasach mun aimsir, a bheil?

Agus, air a' chuspair sin: *Meanbhchuileagan: Midges, foretelling rain.*
Meanbhchuileagan agus uisge. Nach eil sin a' cur nar cuimhne nach eil an samhradh fad às!

* * * * *

Faclan na Litreach: Seòras Chaluum Sheòrais: *George, son of Calum, who was son of George*; Beàrnaraigh [Mòr]: *Great Bernera*; tuairisgeul: *description.*

Abairtean na Litreach: chaidh fhoillseachadh ann an Steòrnabhagh: *it was published in Stornoway*; dè an fharsaingeachd mara thairis air a bheil a' ghaoth a' siubhal: *what extent of sea over which the wind is moving*; aon uair 's gu bheil tonn air a chur air ghluasad: *once a wave is set in motion*; eadhon ann am fèath: *even in calm weather*; imichidh i mìltean de mhìltean: *it will travel thousands of miles*; bho fìor mhullach aon tonn gu fìor mhullach na h-ath tè: *from the crest of one wave to the crest of the next one*; droch thìde: *bad weather [more commonly droch shìde]*; nach fhaighte ann an àite sam bith eile, cha mhòr: *which would not be obtained in any other place, almost*; grunn na mara: *the seabed*; crùn: *crown*; gàirdean: *arm*; fiacail: *tooth, fluke*; bas: *palm*; amhach: *throat*; gob: *bill*; calpa: *shank*; stoc: *stock*; gualann: *shoulder*; fàinne: *ring*; ciabhag: *forelock*; dealg na ciabhaig: *forelock pin*; acair: *anchor*; cha chuireadh e iongnadh orm: *it wouldn't surprise me*; agus a chumas san aon àite i: *and which keeps her in the one place*; na seòrsaichean sgòthan a chithear anns an adhar: *the types of clouds which are seen in the sky*; mìn-shìodach mar itean: *fine and silky like feathers*; cnapach cruinn: *in globular masses*; mar chlàimh canaich le bonn còmhnard agus mullaich chruinn: *like cotton wool with a flat base and domed heads*; cearcan a' rèiteachadh an itean: *hens preening their feathers*; geòidh fhiadhaich ag itealaich chun a' mhonaidh: *wild geese flying hillwards*; nach eil an samhradh fad às: *that summer isn't far away.*

Puing-chànain na Litreach: **Tha meud nan tonn an crochadh air:** *the size of the waves depends on. Two things to mention here. The first is the very useful idiom an crochadh air meaning "depends on". Secondly, a comment on the genitive plural nan tonn. According to the standard grammatical rules, where tonn is pluralised by a terminal –an (to tonnan, as in this dialect), the genitive plural ("of the waves") should be the same as the nominative plural ie nan tonnan. But the irregular genitivisation here may be a historical relic from earlier norms. Note also that there is an alternative nominative plural tuinn. This pluralisation by slenderisation would make the genitive plural the same as the nominative singular ie nan tonn.*

Gnàths-cainnt na Litreach: Muir a' fàs dona an toiseach, 's an stoirm a' tighinn **air a shàil:** *[the] sea getting bad to begin with, and the storm coming straight after it. Air a shàil means literally "on its heel".*

* Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig.